



Leasan 23: Daorghlas agus a' cheàrdach

An t-Urramach Tormod Dòmhnallach (1904-1978) às an Eilean Sgitheanach ag innse naidheachd do Sheumas Ros (Sgoil Eòlais na h-Alba)

Air a chlàradh ann an 1956

Faid: 00:04:22



<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/70440/1>

Tar-sgrìobhadh

An t-Urr. Tormod Dòmhnallach: Nuair a tha sibh air mullach Dùn Dheirg, gheibh sibh sealladh math air Loch Mheaghailt, loch a tha dìreach mu chairteal a mhìle air falbh. 'S ann taobh tuath Dhùn Dheirg a tha e, agus tha rubha beag, bòidheach, còmhnard air feurach a' dol a-mach anns an loch ris an abair iad Rubha na Ceàrdach. Nise, tha eachdraidh anabarrach sean aig a' cheàrdaich a th' ann an seo, agus tha i air a h-ainmeachadh ann an seann litreachas mar a tha Duan na Ceàrdach.

Bha gobha ann an seo, anns a' cheàrdaich seo, a bha anabarrach cùramach mu ealain, agus a bha ag obair anabarrach falachaidh. Cha leigeadh e le duine sam bith tighinn faisg fàire dha nuair a bhiodh e ri obair, 's chan fhaodadh duine idir, idir, idir tighinn a-staigh air an doras aige. Nuair a bhiodh e ag obair, bhiodh am maide-doichilleach aige anns an doras, a' cumail dhaoine a-mach, mus faicadh iad e ag obair, agus tha mi a' creidsinn gur e an t-eagal bu mhotha a bh' air gun togadh iad an ealain.

Ach bha a h-uile gobha caran mar sin, agus chan e a-mhàin na goibhnean, ach daoine aig an robh ciùirdean eile air an làmhan. Bha iad a' cumail nan ciùirdean am falach, agus cha robh eòlas na ceàird ach aca fhèin mar theaghlach; an t-athair ga shìneadh sìos don a' mhac, agus am mac sin a-rithist don a' mhac aige fhèin. Agus 's ann mar seo a bha eòlas leighis cuideachd, mar a bha na lèighichean a' dèanamh nan seann lighichean anns a' Ghàidhealtachd. Bha an t-eòlas aca a' dol sìos bho shinnsarachd, an t-athair ga shìneadh dhan a' mhac.

Ach seo mar a bha a thaobh a' ghobha a bh' ann an Rubha na Ceàrdach, agus nuair a bha an claidheamh aige deis, bha e an-còmhnaidh ga fheuchainn ann am fuil. Bu thoigh leis gum biodh e air fheuchainn 's air a dhearbhadh ann am fuil mus biodh an claidheamh na chladheamh ceart.

Ach tha aon rud beag air innse mu dheidhinn na ceàrdaich a th' ann an seo, a tha a' cur àrd-urram oirre. Tha e air a ràitinn gur ann anns a' cheàrdaich seo a chaidh aon de na claidheamhan a b' fheàrr a bh' aig Fionn a dhèanamh. 'S e Daorghlas aon cho luath agus a bha anns an Fhèinn. Chan eil mi a' smaoinichadh gun robh duine idir anns an

Fhèinn a bha cho luath ris. Co-dhiù, bha an t-ainm sin aige, 's an t-urram sin aige, anns a' chuid den an eilean a bhuineas mise, ach ann an àiteachan eile tha iad ag ràdha gur e Caoilte, gur h-e a b' fheàrr air ruith ann am measg na Fèinne.

Co-dhiù, bha Daorghlas airson faighinn a-mach cò ris a bha Ceàrdach an Rubha coltach na broinn, agus an latha a bh' ann an seo, nach ann a thachair e ris a' ghobha shuas an àiteigineach mu Chuithir. Tha obair mhòr a' dol air adhart an Cuithir an-diugh. 'S ann an siud a tha iad ag obair air obair na cailc. Ach co-dhiù, thachair an gobha agus Daorghlas ri chèile agus thuir Daorghlas: "O, tha mo chothrom a-nis agam, agus tha mi làn-chinnteach ged a tha an gobha ainmeil air ruith, 's ged nach eil duine ann am measg a' choitcheannas a tha coltach ris air ruith, tha mi làn-chinnteach gun tèid agam air a' cheàrdach a ruigheachd."

Agus 's ann mar seo a bha. Dh'fhalbh iad. Thug Daorghlas a-mach na shìnteagan. 'S dh'aithnich an gobha. Ghabh e amharas gun robh e a' dol a dhèanamh air a' cheàrdaich, agus thug e a-mach na dhèidh¹. Ach rinn Daorghlas an gnothach air agus fhuair e a-staigh don a' cheàrdaich, agus 's e a' chiad duine air a bheil iomradh idir a fhuair sealladh air broinn na ceàrdach ach an gobha fhèin.

¹ Cluinnear *dhèidhinn* air a' chlàr.